

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

24/2/22, 1000-1300

Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd:	Iain Mac a' Mhailein (sa Chathair)	Donaidh MacAmhlaidh
	Marion Nic na Ceàrdaich	Ceit-Anna NicLeòid
	Rhoda NicDhòmhnaill	

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Rachel NicChoinnich [RMK] (Stiùiriche Ionmhais)
Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Cunntasair)
Gillian Callaghan [GC] (Azets) airson puing 8
Nevil Lee [NL] (Comhairleachaidh Ionmhais) airson puing 8
Euncie McAdam agus Zarine Manekshaw (Saffrey Champness) airson puing 11
Ealasaid Dhòmhnullach [EMD] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)
airson puing 12
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

Chaidh fàilte a chuir air Cunntasair ùr na buidhne chun chiad choinneamh aice.

1. Leisgeulan

1.1 Cha robh gin.

2. Gnothaichean Dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (10/11/21)

3.1 Aontachaichte.

4. Gnothaichean ag èirigh

4.1 Comharraichte.

5. Pasgan Cunntasachd Q3 2021-22

- 5.1 Bha Pasgan Cunntasachd na ràithe seo air beulaibh bhall agus rinn RMK iomradh air.
- 5.2 Chaidh a dhèanamh soilleir gur e tionndadh ùr a bha seo bhon rud a chaidh a thaisbeanadh aig seisean dèanadais a' Bhùird, às dèidh mearachd a bhith air a cheartachadh.
- 5.3 Bha buill riaraichte gu robh cosgaisean bho smachd ach gur e a' cheist as mothà dè an t-airgead a bhiodh sa bhanca aig deireadh na bliadhna ionmhais, le teans ann gum biodh an t-suim seo gu math àrd. Ged a bha adhbharan ann airson seo, chaidh innse gu bheil coinneamh le Riaghaltas na h-Alba ann air 28/2/22 agus thèid fiosrachadh a sgaileadh air buill na Comataidh às dèidh làimh airson adhbharan dearbhaidh.
- 5.4 Chaidh deasbad a chumail air cosgais SpeakGaelic agus an robhas taobh a-staigh na cosgaisean sin. Chaidh mìneachadh a thoirt seachad agus bha buill riaraichte agus thèid coimhead ris an dòigh seo a thaisbeanadh a' dol air adhart gus a dhèanamh nas soilleir.
- 5.5 Chaidh deasbad a chumail air gnothaichean le cosgaisean àrda, leithid dràma, a' tuiteam bho aona bhliadhna ionmhais a-steach chun ath bhliadhna. Chaidh a mhìneachadh gur e pròiseactan ioma-fhillte a bha seo le diofar bhuidhnean an sàs.
- 5.6 Chaidh a mhìneachadh gu bheil obair an Stiùiriche ùr airson *Content Additionality* sa bhuidseat bho 1/3/22 agus gu robh cùisean a' gluasad air adhart leis.
- 5.7 Chaidh innse gu bheil obair an Comhairliche Ionmhais a' tighinn gu crìoch le deit crìochnachaidh de 31/3/22.
- 5.8 Chaidh feedback iarraidh air coltas na cunntasan agus thuirt buill gu robh iad feumail agus fiosraichte agus gan taisbeanadh ann an dòigh iomchaidh.
- 5.9 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

6. KPIs/Dashboard

- 6.1 Bha pàipear agus KPIs/Dashboard air beulaibh bhall agus bhruidhinn DC mun phàipear.
- 6.2 Seallaidean iPlayer – chaidh ceist a chuir am biodh e feumail/comasach eadar-dhealachadh a dhèanamh eadar luchd-cleachdaidh Gàidhlig agus nàiseanta. Thèid beachdachadh air am biodh e comasach am fiosrachadh seo fhaighinn bho TRP.
- 6.3 Chaidh a mhìneachadh le aona bhall gur iad iPlayer agus ruigse seachdaineil an luchd-amhairc Gàidhlig na nithean bunaiteach agus gu feumar coimhead a bheil na KPlan ceart aig a' bhuidheann a thaobh an t-slighe air adhart leis an t-seirbheis agus gu feumar co-dhùnadh a dhèanamh air dè tha cudromach a thomhas.
- 6.4 Chaidh ceist a chuir am biodh e iomchaidh na thathas a' cosg air an roinn (sector spend) a bhith mar KPI, leis gu bheileas a' cur taic ri susbaint, companaidhean, trèanadh agus

cothroman obrach. Bha faireachdainn ann gum biodh seo iomchaidh son nochdad sna prìomh 10.

6.5 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

6.6 **Gníomh:** thèid coimhead ri KPlan a rèir nam molaidhean seo. ([DMD](#))

7. A' dearbhadh luach an airgid

- 7.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus bhruidhinn RMK mun phàipear.
- 7.2 Chaidh innse gu bheil smachdan luach an airgid nan àite nuair a thèid cùmhnantan a chur a-mach gu tagradh agus nuair a gheibhear na prìsean as fheàrr.
- 7.3 Chaidh innse gun tèid grunnan chùmhnantan seirbheis a-mach gu tagradh sna mìosan air thoiseach.
- 7.4 A thaobh seirbhisean laghail, bidh aontaidhean frèam-obrach (framework agreements) air a chuir an sàs.
- 7.5 Tha diofar lèirmheasan a' tachairt an-dràsta air leithid sàbhalaidhean beaga ach cudromach agus air cosgaisean agus cleachdad *utilities*.
- 7.6 Bha aithne ann fo aon shealladh gu robh cus fiosrachadh an seo do bhuill agus gur e dearbhadh a tha buill a' lorg gu bheil siostaman iomchaidh nan àite agus thèid an tuilleadh còmhradh a dhèanamh fo phuing 9 (Frèam-obrach Dearbhaidh)
- 7.7 **Gníomh:** thig soilleireachadh air ais chun Chomataidh aig an ath choinneamh a thaobh clàrama air cuin a thèid na lèirmheasan air cùmhnantan seirbheis a chuir an sàs. ([RMK](#))

8. Aithisg Sgrùdaidh in-thaigh (Solarachadh)

- 8.1 Bha aithisg ùraichte air beulaibh bhall.
- 8.2 Chaidh faighneachd dè bhathas ag iarraidh air a' Chomataidh bhon chòmhradh agus chaidh innse gu robhas ag iarraidh orra susbaint na h-aithisg, freagairtean an Sgioba Àrd-stiùridh agus na gnìomhan a chomharrachadh.
- 8.3 Chaidh GC tron aithisg a' mìneachadh nan diofar molaidhean.
- 8.4 San fharsaingeachd bha aithne ann gu feumar na poileasaidhean agus modhan-obrach ùrachadh agus dèanamh cinnteach gu robh oifigearan agus luchd-obrach a' gèilleadh riutha.
- 8.5 Chaidh taing a bhuileachadh air GC airson a bhith an làthair agus chùm buill deasbad
- 8.6 Bha aonta ann gu robh seo a' ceangal a-steach ri no modhan-obrach a tha am buidheann a' leasachadh fo phuing 7 (A' dearbhadh luach an airgid) agus cho cudromach 's a bha e gu robhas a' gèilleadh ri na poileasaidhean a bha am buidheann air a chuir an sàs.
- 8.7 Bha aithne ann gu bheil riaghailtean fa leth ann airson prògraman agus susbaint.

- 8.8 Thèid an tuilleadh deasbaid a chumail mun seo fo phuing 9.
- 8.9 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte gu robh an Sgioba Àrd-stiùiridh mothachail air susbaint na h-aithisg agus gu robh an Sgioba Ionmhais gu bhith a' leantainn leis an obair gus poileasaidhean agus modhan-obrach a dhèanamh soilleir a' dol air adhart agus dèanamh cinnteach gu robhas a' gèilleadh riutha.
- 8.10 **Gníomh:** 1) thèid an aithisg as ùire a bh' air beulaibh bhall an-diugh air an App (**MAMI**); 2) faic gníomhan fo phuing 9.

9. Frèam-obrach Dearbhaidh

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall. Chaidh a mhìneachadh le RM agus chaidh deasbad a chumail.
- 9.2 Bha aithne ann gu bheil laigsean ann an ciad loidhne dòn na buidhne agus gu bheil seo air a shealltainn ann an Clàr nan Riosgan (riosgan 20 agus 6) a thaobh riaghlas agus gèilleadh laghail agus a thaobh na bha fo dheasbad fo phuing 8 mu Sholarachadh.
- 9.3 Chaidh fàilte a chuir air gu robhas mothachail air an laigse seo ach gu bheil feum air cultar cunntalachd nas treasa agus gu bheil e riatanach gu bheil a' Chomataidh a' faighinn fianais bho oifigearan gu bheil an loidhne dòn seo ann agus gu bheil gníomhan nan àite gus seo a dhèanamh.
- 9.4 Bha aithne ann bho bhuill gu feumar an obair seo a dhèanamh ach nach robh e furasta atharrachadh cultarach a chuir an sàs ann am buidheann sam bith ach gu robh a' Chomataidh deònach gun deigheadh a ràdh gu robh a' Chomataidh a' cur a-mach teachdaireachd soilleir gu luchd-obrach gu bheil an obair seo riatanach.
- 9.5 Chaidh innse gum b' urrainn an eacarsaich in-sgrùdaidh a bhith air a libhrigeadh ann an dòigh nas èifeachdaich le oifigearan. Bha a' Chomataidh tuigseach agus bha cuireadh ann a thighinn a bhruiddhinn ris a' Chomataidh nam biodh sin gu feum.
- 9.6 A' leantainn puing 8 mu Sholarachadh, bha feum air plana leasachaидh a' dol air adhart air dè dh'fheumas tachairt agus ciamar a thathas gu bhith a' libhrigeadh sin.
- 9.7 **Co-dhùnadh:** 1) thèid lèirmheas a dhèanamh air a' Phoileasaidh Solarachaïdh agus Riaghailtean Ionmhasail, a' neartachadh phoileasaidhean agus modhan-obrach na buidhne; 2) gun tèid cuideam a chuir air a' chiad loidhne na buidhne oir chan urrainn earbsa a chuir san dàrna no treas loidhne mura bheil a' chiad loidhne ag obair ceart; 3) chan eil a' Chomataidh ann an suidheachadh co-dhùnadh a ruighinn gu bheil gach duilgheadas air aithneachadh agus gu feum obair a dhèanamh air an ire dearbhaidh sin a ruighinn aig a' chiad loidhne dòn; 4) chan eil adhbhar ann aithisg follow-up fhaighinn bho Azets; 5) bha a' Chomataidh soilleir gur e obair leantainneach a tha seo an co-bhoinn ris an ath-sgrùdadair

Clàr nan Riosgan agus gu bheil e na amas Clàr nan Riosgan agus am Frèam-obrach Dearbhaigh an cur ann an aon shiostam gus cùisean a dhèanamh nas soilleire; 6) gu lean an Stiùiriche Ionmhais air adhart a' leasachadh nan raointean sin agus ag aithris air ais don Chomataidh aig gach coinneamh le adhartas, a' toirt fa-near gur e obair shusbainteach a tha seo obair a' dol air adhart.

- 9.8 **Gníomh:** bidh a' phuing seo aig an ath choinneamh den Chomataidh. [\(RMK\)](#)

10. Clàr Riosgan

- 10.1 Bha Clàr Riosgan air beulaibh bhall gus dearbhadh a thoirt don Chomataidh gu bheil cunnartan mòra air an comharrachadh agus mitigations air an cur an sàs. Chaidh a mhìneachadh le RM agus chaidh deasbad a chumail.
- 10.2 # 6 agus #20 – chaidh aontachadh gu robh iad seo cudromach an làimhseachadh aig ìre Comataidh seach an comharrachadh dearg airson a' bhùird.
- 10.3 #14 –dh'innis an AO gu robh cùisean a' gluasad a thaobh seo le 1) coinneamhan agus 2) buidheann air a chuir an sàs gus coimhead ri Terms of Reference a chuir an sàs a thaobh ùrachadh na Co-bhanntachd. Mhol a' Chomataidh nach bu chòir an riosg air a shealltainn a' dol sìos mar a bha e sa chlàr. Thig pàipear air beulaibh a' Bhùird aig an ath choinneamh gus dearbhadh agus fianais a thoirt seachad air adhartas leis a' BhBC.
- 10.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.
- 10.5 **Gníomhan:** 1) thig pàipear chun Bhùird sa Mhàirt. [\(RMK\)](#)

11. Luchd-sgrùdaidh – planadh

- 11.1 Thaisbean Eunice Macadam agus Zarine Manekshaw bho Saffrey Champness aithisg planaidh an luchd-sgrùdaidh gu buill.
- 11.2 Chaidh a mhìneachadh nan tigeadh atharrachadh sam bith taobh a-staigh na prìomh riosgan bhon sgrùdaidh gun tig fiosrachadh chun Chomataidh.
- 11.3 Chaidh ceist a chuir air buill an robh fios aca mu fhoill sam bith taobh a-staigh na buidhne agus fhreagair iad nach robh.
- 11.4 Thuirt RM gu robh i fhèin agus SMD air a' phlana aontachadh cheanna le Saffrey Champness agus gu bheil iad ag obair gu ruige coinneamh na Comataidh sa Chèitean.
- 11.5 Chaidh ceist a chuir a thaobh an riosg co-cheangailte ri 'the valuation of productions to be Transmitted'. Chaidh innse gun deach coimhead ri dè tha craoladairean eile a' dèanamh agus gu robh an dòigh cunntasachd (accounting policy?) freagarrachd airson na buidhne.
- 11.6 Chaidh taing a bhuileachadh air Eunice agus Zarine airson an làthaireachd.

- 11.7 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte
- 11.8 **Gníomh**: thig an sgrùdadadh (a bhios an dà chuid ann an da-rìribh agus air astar) air adhart agus bidh seo air clàr na Comataidh sa Chèitean. (RMK)

12. Dìon-saidhbear

- 12.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh mar a thathas a' làimhseachadh an Riosg a rèir an dreach Mapa Dearbhaidd, aig ìrean loidhnichean dòn 1, 2 agus 3 agus thug EMD iomradh air.
- 12.2 Bha am pàipear a' taisbeanadh an obair a thathas a' coileanadh airson faighinn chun na h-ìre gu bheil e comasach dearbhadh gu bheil an Riosg air a làimhseachadh mar bu chòir agus bha e air iarraidh air a' Chomataidh beachdachadh air an ròl aig in-sgrùdadadh ann an co-theacsa Dìon-saidhbear.
- 12.3 **Co-dhùnadh**: gum bi seo air clàr gach Comataidh a' dol air adhart; 2) gun tèid Dìon-saidhbear a chuir ris am Mapa Dearbhaidd agus 3) nuair a thathas nas fhaide sios an slighe obrachaidh leis gun tèid beachdachadh air sgrùdadadh in-thaigh a dhèanamh air.
- 12.4 **Gníomh**: thig pàipear chun ath choinneamh den Chomataidh ([EMD](#))

13. Poileasaidhean riaghächais

a) Còd giùlain nam ball

- 13.1 Bha pàipear air beulaibh bhall ag iarraidh air a' Chomataidh aontachadh ann am prionnsabal Còd Giùlain nam Ball ath-nuadhachadh a rèir modail ùr a chaidh fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba airson buidhnean poblach Albannach.
- 13.2 **Co-dhùnadh**: thèid ath sgrìobhadh a dhèanamh air a' Chòd sa bhliadhna ionmhais air thoiseachd.

b) Riaghailtean Ionmhasail / Poileasaidh Solarachaидh

- 13.3 Bha pàipear air beulaibh bhall ag iarraidh air a' Chomataidh aontachadh gun tig tionndaidhean ùra de na Riaghailtean Ionmhasail (Financial Regulations) agus am Poileasaidh Solarachaидh & Sgeama Thairgse (Procurement Policy & Scheme of Tenders) chun Chomataidh tro phròiseas sgrìobhte ro choinneimh a' Bhùird air an 9/10 Màrt, no 15/16 Ògmhios.
- 13.4 **Co-dhùnadh**: thèid iad seo ùrachadh san aithghearrachd.
- 13.5 **Gníomh**: thig clàr-ama air beulaibh an ath Chomataidh.

14. GISBE

- 14.1 Cha taing na Comataidh agus nan oifigearan a bhuileachadh air Donnie MacAmhlaigh leis gu robh e a' leigeil dheth a dhreuchd bhon Bhòrd aig deireadh a' Ghiblein. Chaidh taing a thoirt dha airson a chuid obrach agus deagh rùn thar nam bliadhnaichean, mar Chathraiche air a' Chomataidh agus mar bhall den Bhòrd.

17. Deit na h-ath choinneimh –26/5/22

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: